

Carbon Aon-ogsaid agus Sàbhailteachd Gas

Dè a th' ann an carbon aon-ogsaid?

Tha carbon aon-ogsaid (CO) na ghas puinnseanta gun dath, gun fhàileadh, gun bhlas a thèid a chruthachadh nuair nach tèid connadh carboin (a' gabhail a-steach gas, ola, fiodh, peatrail agus gual) a losgadh buileach glan.

Leis nach fhaic thu e, nach fhaigh thu blas dheth agus nach fhairich thu fàileadh, tha e gu math cunnartach agus ann an cuid de shuidheachaidhean is urrainn dha bàs adbharachadh gu luath agus gun rabhadh.

Comharran puinnseanachadh carbon aon-ogsaid



Ceann goirt



An òrrais




Tuineal



Doirbh anail a tharraing



A' tuiteam



A' call mothachadh

Comharran gu bheil CO ann

- Bu chòir lasraichean air a' mhòr-chuid de dh'innealan teasachaидh a bhith soilleir agus gorm.
- Bu chòir do neach-proifeiseanta sgrùdadadh a dhèanamh air lasraichean buidhe no orains
- Coimhead airson dubhadh, comharran sùith no milleadh datha air innealan
- Cùm sùil a-mach airson barrachd taise
- Faic am bi an solas pìleat a' dol a-mach gu tric

Ma tha thu a' smaoineachadh gur dòcha gu bheil CO nad dhachaigh, no ma mhothaicheas tu comharran puinnseanachadh CO, cuir fios chun na Seirbhis Èiginn Gas Nàiseanta air **0800 111 999** gun dàil.

Mar a chumas tu sàbhailte bho chunnartan CO

- Dèan cinnteach gun tèid innealan guail, ola agus gas nàdarra a sgrùdadadh gach bliadhna le proifeasantach le teisteanas
- Cuir a-steach inneal-rabhaidh carbon aon-ogsaid claisneachd agus lean stiùireadh an neach-dèanamh an-còmhnaidh
- Dèan deuchainn gu cunbalach air an inneal-rabhaidh carbon aon-ogsaid agad a rèir stiùireadh an neach-dèanamh agus cuir a-steach bataraidhean/inneal-rabhaidh ùr nuair a bhios feum air seo.
- Dèan cinnteach gu bheil gaothrachadh gu leòr ann airson innealan agus na cuir bacadh air gaothairean adhair
- Cuir dheth an t-inneal agus iarr cuideachadh sa bhad ma tha thu an amharas gu bheil CO ann no ma nì an t-inneal-rabhaidh CO agad fuaim rabhaidh
- Na toir BBQ no teasadair so-ghiùlain a-steach gu àite dùinte gun gaothrachadh ceart

Èiginn Gas

'S e SGN a bhios a' toirt seachad freagairt Seirbheis Èiginn Gas Nàiseanta san sgìre agad. Ma ni thu aithris air aoidion gas no dragh a thaobh CO bheir na h-innleadairean aca seirbheis 24 uair a thìde seachad agus thig iad ann gus an suidheachadh a dhèanamh sàbhailte.

Lean na sia ceumannan seo ma tha thu a' faighinn fàileadh gas:

- | | |
|--|---|
| <p> Fosgail uinneagan is dorsan gus cuideachadh le gaothrachadh a' ghas</p> <p> Cuir an solar gas dheth aig a' mheatair agus dèan cinnteach gu bheil innealan gas sam bith air an cur dheth</p> <p> Cuir fòn gu Àireamh an t-seirbheis Èiginn Gas Nàiseanta air 0800 111 999 . Tha na loidhnichean fosigailte 24 uair san latha, 365 latha sa bhliadhna</p> | <p> Na bi a' smocadh no a' cleachdadadh lasraichean loma sam bith</p> <p> Na bean ri suidse dealain sam bith. Dh'fhaodadh tionndadh suidse air no dheth aoidion gas a lasadh</p> <p> Na rach a-steach dhan t-seilear ma tha fàileadh gas ann, fiù 's ma tha do mheatair gas suidhichte san t-seilear</p> |
|--|---|